



Cò rinn siud?



Jamila Gavin • Rhian Nest James

Cò rinn siud?



An teacs a Jamila Gavin
Dealbhan Rhian Nest James
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Bha Granaidh air beinge sa ghàrradh.

Bha Seanair anns a' ghàrradh.

Chunnaic e toll mòr sa ghàrradh.

Bha Seanair crosta an uair sin.



Choimhead Seanair air an toll.

“Dè an toll mòr tha seo?” thuirt Seanair.

Bha e glè chrosta.



Chunnaic Seanair Ali agus Amina.

Bha trobhail aig Ali agus bha gràpa beag
aig Amina.

“Thigibh an seo,” thuirt Seanair.

“An e sibhse a rinn an toll seo?”



Chomhead Ali agus Amina air an toll.

“Chan e, a Sheanair,” thuirt iad.

“Cha do rinn sinne an toll.”



Choimhead Seanair air an trobhail
agus air a' ghràpa.

“Rinn sibh ged-tà,” thuirt e.

“Nis a-steach an siud sibh!”



Bha Ali agus Amina brònach.

“Chan e sinne a rinn an toll,”
thuir Amina.

“Chan e,” ars Ali.



Choimhead Ali agus Amina a-mach.
Chunnaic iad broc fon chraoibh.
Dh'èigh iad ri Seanair,
“Tha broc fon chraoibh.”



Chunnaic Seanair am broc.

Chunnaic e am broc a' dol chun an tuill.

“Teich às a sin!” dh’èigh Seanair.

“Teich às a sin!” dh’èigh Granaidh.



“Chan e Ali agus Amina a rinn an toll,”
arsa Granaidh.

“S e am broc a rinn e.”

“S e gu dearbh,” arsa Seanair.



Choimhead Seanair suas air Ali agus Amina.
“Thigibh a-nuas a-nis,” dh’èigh e.
“Chan e sibhse a rinn an toll sa ghàrradh.”



Ruith Ali agus Amina gu Seanair.
Bha iad uile toilichte.